



Tìotal: Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh

Pàirt 3: Proifeiseantaich

Ìre: A' CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil daoine nar beatha a tha a' gabhail cùram dhinn agus a tha a' coimhead às ar dèidh, agus tha mi mothachail gum faod daoine a bhith fo chùram phàrantan, luchd-cùraim no inbhich eile. HWB 1-45a	<ul style="list-style-type: none">• Gun aithnich mi na proifeiseantaich eadar-dhealaichte a bhios gam chuideachadh agus mar a bhios an dreuchd aca gam chuideachadh nam bheatha làitheil.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum bi fios aig clann gu bheil inbhich nam beatha a tha a' gabhail an cùram agus a' coimhead às an dèidh

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich phroifeiseanta nam bheatha, nach eil càirdeach dhomh, a bhios gam chuideachadh, a' gabhail mo chùram agus a' coimhead às mo dhèidh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air mar a bhios na h-inbhich seo gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh.
- 'S urrainn dhomh innse cò thuige a rachainn nam biodh cuideachadh a dhìth orm.

Goireasan-taic

- Cairtean cur-an-ìre
- Slaighdean PowerPoint /Dealbhan de dhaoine a bhios gar cuideachadh

Obair

1. Theirig thairis air leasain eile far an robh a' chlann a' bruidhinn mu dhaoine a bhios gan cuideachadh agus a' gabhail an cùram. Inns dhan chloinn gum bi sibh, an-diugh, a' sgrùdadh nan diofar sheòrsachan dhaoine a bhios gar cuideachadh agus mar a bhios iad gar cuideachadh – agus gum bi iad a' dèanamh seo oir gur e an obair a bhith a' cuideachadh agus a' gabhail chùram dhaoine eile.
2. **Cò bhios gam cuideachadh nuair...? Gèam tomhais** larr air a' chloinn suidhe ann an cearcall agus can riutha gu bheil thu a' dol a dh'iarraidh air aon phàiste leigeil orra gu bheil iad a' dèanamh rud (gun fhaclan) far a bheil cuideachadh a dhìth orra. Feumaidh an còrr dhen bhuidheann obrachadh a-mach dè tha ceàrr agus an uair sin innse dè an seòrsa neach a tha a dhìth orra airson an cuideachadh. Cleachd na cairtean a tha sa phasgan. Mar a tha a' chlann ag innse cò chuidicheadh, faighnich carson? ('S dòcha gum mol a' chlann buill teaghlaich, tha seo ceart gu leòr agus bu chòir gabhail ris.) Tha na leanas air na cairtean: *Tha mi a' dol tarsainn an rathaid/Thuit mi san raon-chluich/Chan urrainn dhomh ceist matamataig a fhreagairt/Tha mi air chall/Tha mi a' faicinn poit na teine sa chidsin/Tha mo stamag uabhasach goirt.*
3. **Proifeiseantaich a bhios a' cuideachadh san sgoil/A' tuigsinn dhreuchdan nam proifeiseantach:** Seall na dealbhan, sa PhowerPoint, de phroifeiseantaich de gach seòrsa a tha ag obair san sgoil. Seall gach proifeiseantach agus faighnich dhan chloinn dè bhios an neach sin a' dèanamh, agus ciamar a bhios iad a' cumail na cloinne sàbhailte, fallain no gan cuideachadh. *Ma ghabhas e dèanamh, cleachd dealbhan de luchd-obrach na sgoile agaibh fhèin seach an fheadhainn a chaidh a thoirt dhuibh.* Faighnich dhan chloinn, mar eisimpleir, dè bhios (ainm) an dorsair againn a' dèanamh airson ar cuideachadh?
4. **Proifeiseantaich an taobh a-muigh dhen sgoil:** Dèan an aon rud a-rithist, an turas seo, a' cleachdadh dhealbhan de dhaoine bho thaobh a-muigh na sgoile. Dèanaibh meòrachadh air nas aithne dha na sgoilearan mu na bhios na proifeiseantaich a' dèanamh: Am bi na daoine seo gan cuideachadh gach latha no dìreach ann an cùis èiginn? An d' fhuair neach sam bith cuideachadh no an tug iad seachad cuideachadh?
5. **Pupaidean:** Dèan pupaidean de phroifeiseantaich a' cleachdadh thiùbaichean bho phàipear toidhleat. Faodaidh a' chlann an uair sin pàirt a gabhail ann an taisbeanaidhean goirid tron t-seachdain, ag innse carson a thagh sibh an dreuchd seo agus dè bhios an neach/dreuchd a' dèanamh airson daoine a chuideachadh. Seo eisimpleirean de na pupaidean a dh'fhoadadh sibh a dhèanamh. <http://www.makinglearningfun.com/themepages/FiremanToiletpaperTubePuppet.htm> Faodaidh a' chlann neach sam bith bhon liosta aca de phroifeiseantaich a bhios gar cuideachadh a dhèanamh. Tha teamplaid shìmplidh sa cheangal seo: <http://www.makinglearningfun.com/t.asp?b=m&t=http://www.makinglearningfun.com/Activities/fire/TPTubePuppets/Fireman-TPtubePuppet-Girl.gif>
6. Cuir crìoch air an leasan le bhith ag iarraidh air a' chloinn sùil a chumail a-mach airson dhaoine a bhios gar cuideachadh gu làitheil agus ann an cùis èiginn. Cuir nan cuimhne gu bheil e daonnan math taing a thoirt seachad nuair a tha cuideigin gar cuideachadh.

Beachdan eile

- Iarr air proifeiseantaich tadhal air a' chlas airson innse mun dreuchd aca. Dh'fhaodadh a' chlann ceistean a chur ri chèile agus agallamh a dhèanamh còmhla riutha. Dh'fhaodadh an neach a bhith san sgoil no bhon taobh a-muigh. Poileas? Dorsair? No tadhail air stèisean-smàlaidh, stèisean-poileas msaa.
- Dh'fhaodadh sibh na pupaidean a chleachadh airson dealbhan-cluiche beaga a dhèanamh.
- Cuir èididhean-obrach ann an oisean-cluich a' chlas
- Coimhead a' bhidio sa bheil òran mu na seirbheisean èiginn (*do chlann nas òige*)
https://www.youtube.com/watch?v=I_3sYFHxJqU
- Coimhead ann am broinn ambaileans gu h-eadar-ghnìomhach còmhla ri Ambaileans na Cuimrigh:
http://www.ambulance.wales.nhs.uk/assets/360Tours/NHS_AMB TOURS/View%201/view1_1_fullscreen.html

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Ceangal ris an Dachaigh

Tha teacsa an cois obair 1.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh: Daoine a tha sònraichte dhomh
Daoine a bhios gam chuideachadh agus a' coimhead às mo dhèidh: Nuair a tha ceist agam no a tha iomagain orm

Notaichean Tidseir

